Teisteanais
Nàiseanta
EISIMPLEIR A-MHÀIN

S871/76/12

Cruinn-eòlas
Cuisean Cruinneil agus Sgilean Cruinn-eòlais

Deit — Gun bhuinteanas

Ùine — 2 uair agus 10 mionaid

Total comharra — 60

ROINN 1 — CÙISEAN CRUINNEIL — 40 comharra

Feuch **DHÀ** ceistean.

ROINN 2 — CUISEAN CRUINNEIL AGUS SGILEAN CRUINN-EÒLAIS — 20 comharra

Feuch a 'cheist.

Thèid creideas a thoirt dhut airson mapaichean agus diagraman air a bheil ainmean iomchaidh.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar nan deuchainnean, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.

SQA ©

ROINN 1 — CÙISEAN CRUINNEIL — 40 comharra

Feuch DHÀ ceistean.

Ceist 1: Riaghladh Srath-aibhne

(a) Nuair a bhios làrach ga thaghadh airson dam agus an amar-uisge a thig co-cheangailte ris:

(i) **thoir cunntas** air na cùisean fiosaigeach air am feumar beachdachadh **agus**

(ii) **mìnich** carson a tha iad cudromach. **8**

(b) **Beachdaich** air na droch bhuaidhean sòisio-eaconomaigeach agus fiosaigeach a tha an cois pròiseact riaghlaidh aibhne a sgrùd thu fhèin. **12**

Ceist 2: Leasachadh agus slàinte

À 106 dùthchannan san robh sgaoileadh leantainneach de Mhailèiria ann an 2000, chaidh aig 57 dhiubh sin air lùghdachadh a thoirt air an àireamh dhaoine a thog Mailèiria le co-dhiù 75% ro 2015. Chaidh aig ochd dùthchannan deug air lùghdachadh a thoirt air an àireamh dhaoine air an robh mailèiria le 50-75%.

Buidheann Slàinte na Cruinne — Aithisg Mhailèiria na Cruinne 2015.

Airson galar co-cheangailte ri uisge a sgrùd thu:

(a) **thoir cunntas** mionaideach air na ro-innleachdan a thathas a' cleachdadh gus dèiligeadh ris a' ghalar **agus**

(b) **thoir beachd** air èifeachdas nan ro-innleachdan sin. **20**

Ceist 3: Atharrachadh gnàth-shìde an t-saoghail

Tha buaidhean blàthachadh cruinne buailteach a bhith 'fìor dhona agus gun fhuasgladh', a rèir aithisg oifigeil leis an UN.

Artaigil pàipeir-naidheachd

(a) **Beachdaich** air cuid de na buaidhean a tha buailteach a bhith an cois atharrachadh gnàth-shìde. Bu chòir dhut taic a chumail ri do fhreagairt le eisimpleirean sònraichte. **12**

(b) Tha iomadh ro-innleachd air a bhith ann an dà chuid gus eimiseanan ghasaichean taigh-glainne a lùghdachadh **agus** rian a chumail air buaidhean atharrachadh gnàth-shìde.

(i) **Thoir cunntas** air ro-innleachdan a sgrùd thu **agus**

(ii) **thoir beachd** air an èifeachdas. **8**

Diagram C4A: Cleachdadh lùtha an t-saoghail 1971 agus 2013



(a) Dèan Sgrùdadh air Diagram C4A.

(i) **Thoir cunntas** air na h-atharraichean a tha gan sealltainn leis a' ghraf **agus**

(ii) **thoir seachad adhbharan** airson nan atharraichean sin air ìarrtas lùtha. **10**

Diagram C4B: Nirribhidh — tùs cruthachadh dealain 2012



(b) Thoir sùil air Diagram C4B.

Beachdaich air èifeachdas cumhachd dealain-uisge (HEP), no stòras sam bith eile de lùth ath-nuadhachail a sgrùd thu, ann a bhith a' freagairt ìarrtasan lùtha. Faodaidh tu ìomradh a thoirt air aon dùthaich, no barrachd, nad fhreagairt. **10**

ROINN 2 — CUISEAN CRUINNEIL AGUS SGILEAN CRUINN-EÒLAIS — 20 comharra

Feuch a 'cheist.

Ceist 5

Tha cead dealbhachaidh air a bhith ga thoirt seachad airson 300 dachaigh ùr deas air Highbridge, baile beag ann an sgìre Sedgemoor. Bidh bun-sgoil ùr a ghabhas 210 sgoilear an cois an leasachaidh, cho math ri goireasan cluiche air a' bhlàr a-muigh agus àitichean poblach. Bidh cothroman an cois an leasachaidh cuideachd airson slighean coiseachd ùra agus slighe rothair a-steach a Highbridge.

Dèan sgrùdadh air an earrainn à mapa Tomhas Riaghaltais sgìre Highbridge; Diagram C5A; Diagram C5B; Diagram ceist 5C; agus Diagram C5D mus freagair thu a' cheist seo.

A' cleachdadh fianais bhon earrainn mhapa OS agus fiosrachadh às na stòran eile:

(a) **beachdaich** air freagarrachd na làraich, a tha ga sealltainn air Diagram C5A, airson an leasachadh taigheadais a thathas a' moladh **agus**

(b) **thoir iomradh** air na buaidhean sòisealta, eaconomaigeach no àrainneachdail a dh'fhaodadh a bhith an cois an leasachaidh seo air an sgìre ionadail. **20**

Diagram C5A: Moladh airson leasachadh taigheadais ùr ann an Highbridge, sgìre Sedgemoor



Diagram C5B: Suidheachadh Highbridge



Diagram Q5C: Àireamh-sluaigh sgìre Sedgemoor



Diagram Q5D: Artaigil naidheachd às an Yeovil Express, Dàmhair 2015

YEOVIL EXPRESS

Hinkley Point C – Naidheachd mhath don sgìre Ionadail

Cruthachaidh leasachadh an stèisein chumhachd niùclasaich 25,000 obair ùr san sgìre. Tha EDF Energy cuideachd air a bhith trang a' cur air bhonn bun-structair a chuidicheas ann a bhith a' lìbhrigeadh a' phròiseict agus a lùghdaicheas a' bhuaidh air a' choimhearsnachd ionadail. Tha £16 millean air a chosg mar-thà, a' leasachadh lìonra nan rathaidean ionadail ann am Bridgewater agus sna sgìrean mu thimcheall.

[CRÌOCH A' PHAIPEIR EISIMPLEIR]

Buidheachas airson dlighe-sgrìobhaidh

Roinn 1 Ceist 2	Às-earrann bho Aithisg Mailèiria na Cruinne, 2015, le Buidheann Slàinte na Cruinne, air atharrachadh le cead. www.who.int/malaria/publications/world-malaria-report-2015/report/en/. Ath-fhoillsichte le cead WHO.
Roinn 2 Diagram C5D	Tha an t-iomradh air an Yeovil Express agus an artaigil air atharrachadh à www.yeovilexpress.co.uk/news/14744548.BREAKING_Hinkley_C_to_go_ahead_Government_confirms/.

Tha SQA air gach oidhirp a dhèanamh luchd-seilbh stuthan fo chòir dlighe-sgrìobhaidh a lorg agus cead iarraidh orra. Bidh sinn toilichte buidheachas sam bith a tha a dhìth a chur ann. Cuir fios gu question.papers@sqa.org.uk.

Published: June 2025

Change since last published:

Duration extended.